

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 79 (which corresponds to Litir 383). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

An t-seachdain sa chaidh bha sinn aig Dùn Dearduil faisg air Loch Nis. Bho Inbhir Nis bidh cuid a' dràibheadh a dh'ionnsaigh Dhùn Dearduil air rathad beag. Tha an rathad a' tòiseachadh faisg air Tòrr an Eas. Cuideachd faisg air Tòrr an Eas tha loch. Tha ainm neònach air an loch. *Loch Ceò Glais*. Loch Ceò Glais. *Loch of Grey Mist*.

Bha mi a' leughadh beagan mun àite. Bha an t-ùghdar ag ràdh nach e *Ceò* a bh' anns an ainm, ach *Cè*. Tha *Cè* a' ciallachadh "*of Cia*". 'S e *Cia* ainm air seann dia pàganach Ceilteach. Mar sin, 's e an t-ainm ceart air an loch – *Loch Cè Glais*. Tha sin a' ciallachadh *the loch of grey Cia*.

Tha an rathad beag a Dhùn Dearduil cumhang. Tha e sàmhach sìtheil. Ach anns an t-seann aimsir cha robh an t-àite cho sìtheil. 'S e Baile Cheatharnach an t-ainm a bh' air. *The place of caterans, or freebooters*. Baile Cheatharnach.

Air an rathad tha drochaid. Tha sin far a bheil an rathad a' dol thairis air allt. Bha ainm-àite an sin co-cheangailte ris na ceatharnaich. Aig an drochaid bha muileann ann. 'S e *Muileann nam Biodag* an t-ainm a bh' air. *The Mill of the Dirks*. Muileann nam Biodag. Bha na ceatharnaich a' cur faobhar air na biodagan aca an sin. An uair sin bha iad a' falbh airson droch rudan a dhèanamh.

Tha fiosrachadh sònraichte againn air aon bhaile-fearainn san sgìre. Tha sin nas fhaide sìos an rathad. 'S e *Balchraggan* no Bail' a' Chreagain an t-ainm a th' air. Tha fios againn air na h-ainmean a bh' air na h-achaidhean ann am Bail' a' Chreagain nuair a bha grunn teaghlaichean a' fuireach ann. Bha na teaghlaichean a' fuireach ri taobh a chèile. Bha achadh aig gach teaghlach. Seo agaibh na h-ainmean: Cùl Arachain, Bail' an Fhraoich, Baile na Feadaige, Bail' a' Chreagain fhèin agus Bail' an t-Sìthein. Gu mì-fhortanach, chaill sinn fiosrachadh mionaideach mar sin ann am mòran bhailtean air a' Ghàidhealtachd.

Agus cò às a thàinig am fiosrachadh mionaideach sin air Bail' a' Chreagain? Thàinig bho bhodach – Seumas Gobha. Chaochail e ann an naoi ceud deug 's a trì (1903). Rugadh e ann an ochd ceud deug 's a trì (1803). Mar sin, bha e ceud bliadhna a dh'aois nuair a chaochail e. Innsidh mi dhuibh mu dheidhinn an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan is abairtean: bidh cuid a' dràibheadh a dh'ionnsaigh Dhùn Dearduil: *some people drive to [towards] Dùn Dearduil*; Tòrr an Eas: *Torness (a hamlet south of Inverness)*; tha ainm neònach air an loch: *the loch has a strange name*; ùghdar: *author*; seann dia pàganach Ceilteach: *an old pagan Celtic god*; cumhang: *narrow*; sàmhach sìtheil: *quiet and peaceful*; anns an t-seann aimsir: *in olden times*; far a bheil an rathad a' dol thairis air allt: *where the road crosses a burn*; bha na ceatharnaich a' cur faobhar air na biodagan aca: *the freebooters were sharpening their dirks there*; tha fiosrachadh sònraichte againn air aon bhaile-fearainn: *we have special knowledge of one farm*; nas fhaide sìos an rathad: *further down the road*; na h-ainmean a bh' air na h-achaidhean: *the names of the fields*; nuair a bha grunn teaghlaichean a' fuireach ann: *when several families lived there*; ri taobh a chèile: *next to each other*; bha achadh aig gach teaghlach: *each family had a field*; Cùl Arachain: *given as "the back of the little height"*; Bail' an Fhraoich: *the township of the heather*; Baile na Feadaige: *the township of the plover*; Bail' an t-Sìthein: *the township of the fairy hillock*; gu mì-fhortanach: *unfortunately*; chaill sinn fiosrachadh mionaideach mar sin: *we [have] lost detailed information like that*; mòran bhailtean air a' Ghàidhealtachd: *many villages in the Highlands*; cò às a thàinig am fiosrachadh?: *where did the information come from?*; bho bhodach – Seumas Gobha: *from an old man – James Gow*; chaochail e: *he died*; rugadh e: *he was born*; ceud bliadhna a dh'aois: *a hundred years of age*; innsidh mi dhuibh mu dheidhinn; *I'll tell you about him.*

ends